

**Iomairt na h-Alba**

**AM PLANA GÀIDHLIG**

**2022-2027**

Tha seo air ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air [\[approval date\]](#)

The Bòrd na Gàidhlig logo should be added to the front cover of the approved plan only and not to any drafts.

## Facal-toisich

---

Tha a' Ghàidhlig na so-mhaoin chudromach do dh'Alba agus a' solarachadh suaicheantas an dà chuid aig an taigh agus thall-thairis.

Mar bhuidheann leasachaidh eaconamach nàiseanta na h-Alba, 's e ar dleastanas dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt an fheum as fheàrr à so-mhaoinean na h-Alba uile, gus an urrainn dhuinn cothroman fàis a chumail suas còmhla ri com-pàirtichean agus an leasachadh do choimhearsnachdan fad' is farsaing air feadh na dùthcha.

Mar sin, tha mi toilichte a' chiad Phlana Ghàidhlig aig Iomairt na h-Alba a chur an aithne dhuibh. Tha e air a leasachadh gus cur ris a' Phlana Ghàidhlig Nàiseanta 2018 - 23 a tha air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus a' mìneachadh mar a bhios sinn a' dèanamh cinnteach à spèis co-ionann don Ghàidhlig mar don Bheurla, le bhith a' dèanamh tairgse ghnìomhach do theachdaichean agus a' taisbeanadh ar lèirsinn fad-amail agus ar dealas ro-innleachdail don Ghàidhlig.

Aig cridhe ar Plana Ghàidhlig, tha àrd-amas a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil cothroman co-ionann aig ar teachdaichean, luchd-ùidhe agus luchd-obrach uile, agus am mheudachadh as àirde fhaotainn do chomas eaconamach na h-Alba. Chan e a-mhàin gun cuidich seo le dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt an fheum as fheàrr às an t-so-mhaoin air leth seo, ach gun cuidich e le taic a chur ri ar n-àrd-amas gum bi comas aig gach neach ann an Alba cur ri agus buannachd fhaotainn à fàs eaconamach.

Tha am plana a' co-thaobhadh gu h-iomlan leis an speactram fharsaing co-cheangailte ri ar gnìomhachdan leasachaidh eaconamach a tha ag amas air taic a chur ri ath-shlànachadh eaconamach uaine ùr-ghnàthachail, a' togail air an iomadachd agus air neartan muinntir, àiteachan is gnothachasan na h-Alba.

Mar a dh'fhoillsicheas sinn ar plana, togaidh sinn gu gnìomhach air obair ar com-pàirtichean air feadh Alba a thaobh cleachdadh a' chànain a mheudachadh le barrachd dhaoine, nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean, agus tha sinn a' coimhead air adhart ris na h-atharrachaidhean deimhinneach sin fhaicinn a bheir iad gu eaconamaidh na h-Alba, agus barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig gan comasachadh le sgilean, eòlas agus dìoghras gun choimeas a chleachdadh gus an cur a dh'ionnsaigh dùthaich nas soirbheachail, nas seasmaich agus nas in-ghabhalaich.

Adrian MacGillEasbaig

Àrd-Oifigear Iomairt na h-Alba

## CLÀR-INNSE

1. RO-RÀDH.....	5
IOMRADH AIR IOMAIRT na h-ALBA.....	5
Dleastanasan Reachdail.....	5
Dleastanasan is Prìomhachasan.....	5
Structar Eagrachail.....	6
GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH IOMAIRT NA H-ALBA.....	7
GÀIDHLIG ANN AN ALBA.....	8
ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005.....	8
PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG.....	9
SGRÙDADH COMAS GÀIDHLIG A-STAIGH.....	9
Co-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG.....	10
2. prìomh phrionnsapalan.....	10
SPÈIS CO-IONANN.....	10
TAIRGSE GHNÌOMHACH.....	11
PRÌOMH-SHRUTHADH.....	11
3. DEALASAN A’ PHLANA.....	12
AMASAN ÀRD-ÌREIL.....	12
MEUDACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG.....	12
MEUDACHADH IONNSACHADH NA GÀIDHLIG.....	14
ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINNEACH DON GHÀIDHLIG.....	15
AMASAN SEIRBHEIS CHORPORRA.....	16
INBHE.....	16
FIOSRACHADH.....	17
LUCHD-OBRAICH.....	19
CORPAS NA GÀIDHLIG.....	21
5. CEANGLAICHEAN GU AN FHRÈAM COILEANAIDH NÀISEANTA.....	22
6. CEANGLAICHEAN GU FRÈAMAN IONADAIL IS ROINNEIL.....	22
7. FOILLSEACHADH.....	24
FOILLSEACHADH IS FOLLAISEACHADH A’ PHLANA.....	24
AIR AN TAOBH A-MUIGH.....	24
8. GOIREASACHADH A’ PHLANA.....	25

9. SGRÙDADH A' PHLANA.....	25
10. AM PLANA GÀIDHLIG SAN ÙGHDARRAS PHOBLACH.....	26
DLEASTANAS IOMLAN AIRSON A' PHLANA.....	26
UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA.....	26
BUIDHEANN SGRÙDAIDH IS BUILEACHAIDH NA GÀIDHLIG.....	27
CONALTRADH LE LUCHD-OBRAICH.....	27
BUIDHNEAN CO-CHEANGAILTE AGUS TREAS PHÀRTAIDH.....	27
PÀIPEAR-TAIC 1 – SGRÙDADH COMAS GÀIDHLIG AIR AN TAOBH A-STAIGH.....	28
PÀIPEAR-TAIC 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH.....	29

# 1. RO-RÀDH

## IOMRADH AIR IOMAIRT NA H-ALBA

### DLEASTANASAN REACHDAIL

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil gnìomha de Riaghaltas na h-Alba a th' ann an Iomairt na h-Alba, agus chaidh a stèidheachadh fo Achd Iomairt is Bhailtean Ùra (Alba) 1990.

Tha an Achd a' mìneachadh prìomh dhleastanasan Iomairt na h-Alba mar:

- adhartachadh leasachadh air eaconamaidh na h-Alba – a' gabhail a-steach solar, cumail suas agus dìon cosnadh
- àrdachadh èifeachdas gnìomhachasail agus farpaiseachd eadar-nàiseanta na h-Alba
- adhartachadh leasachadh air àrainneachd na h-Alba, a' gabhail a-steach cur taic ri eadar-ghluasad Alba gu eaconamaidh càrboin ìosal.

Tha dleastanasan Iomairt na h-Alba mar a dhearbhas Ministearan na h-Alba fo Earrann 24 den Achd. Tha raon de chumhachdan farsaing agus sònraichte air am mìneachadh gu h-iomlan ann an Earrann 8 den Achd.

### DLEASTANASAN IS PRÌOMHACHASAN

Mar bhuidheann leasachaidh eaconamach nàiseanta na h-Alba, is e ceann-uidhe iomlan Iomairt na h-Alba tabhartas cudromach a chur ri lèirsinn Riaghaltas na h-Alba a choileanadh de dhùthaich nas soirbheachail a chruthachadh le cothroman do dh'Alba air fad airson soirbheachadh tro shunnd mheudaichte agus fàs eaconamach seasmhach is in-ghabhalach.

Ag obair le com-pàirtichean, tha Iomairt na h-Alba a' cuideachadh le cothroman do dh'Alba a chomharrachadh agus a chleachdadh gus eaconamaidh nas fhualangaich agus nas fhàsmhor a chruthachadh, a' togail àrainneachd gnothachais aig ìre chruinneil far a bheil daoine ag iarraidh a bhith a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh agus ag inbheisteadh - a' cruthachadh agus a' gabhail chothroman obrach math àrd-chàileachd.

Tha cinn-uidhe agus prìomh thargaidean Iomairt na h-Alba air an aontachadh taobh a-staigh ar pròiseas planaigh ro-innleachdail. Tha sinn ag obrachadh le ar Bòrd neo-eisimeileach fhìn ag aithris don Rùnaire Caibineit airson Ionmhas agus an Eaconamaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba.

Tha Iomairt na h-Alba ag obair gu dlùth le com-pàirtichean na roinne poblaich ann an libhrigeadh airson eaconamaidh na h-Alba. Tro Phlana Ro-innleachdail Bòrd Ro-innleachdail Iomairt is Sgìlean, tha e air iarraidh air an Iomairt agus buidhnean sgìlean (Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt Ceann a Deas na h-Alba, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba) modh-obrach co-bhuidhne a libhrigeadh gus àrd-amas co-roinnte do dh'Alba a choileanadh – a' cuideachadh Alba gu gluasad a dh'ionnsaigh a' cheathraimh as àirde de dhùthchannan Buidheann Leasachaidh is

Co-obrachaidh Eaconamach (OECD) airson tarbhachd, co-ionannachd, sunnd agus seasmhachd.


Tha lomairt na h-Alba cuideachd ag obair le raon nas fharsainghe de chom-pàirtichean aig ìrean nàiseanta, roinneil agus ionadail, mar eisimpleir, VisitScotland, Banca Inbheistidh na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Business Gateway, Com-pàirtichean Bailteil is Roinneil agus Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, gus co-thaobhadh ro-innleachdan is ghoireasan air cùlaibh nan cothroman ceart, a dhèanamh tèarainte.

Tha cuid de ghnìomhachdan lomairt na h-Alba ag obrachadh air feadh Alba, a' gabhail a-steach sgìrean lomairt na h-Alba sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan agus Ceann a Deas na h-Alba, iad sin a bhith:

- inbheisteadh air an taobh a-staigh agus leasachadh mhargaidean thall-thairis tro Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta (ag obair ann an co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean) agus a' gabhail a-steach stiùireadh air an lìonra de oifisean thall-thairis agus luchd-obrach a-muigh;
- maoineachadh inbheisteadh fais airson na margaid inbheistidh tràth-ìre
- seirbheisean comhairleachadh saothrachaidh
- Alba Europa
- taic do mhodal gnothachais co-obrachail is seilbh chosnaichean
- solarachadh goireas conaltraidh theachdaichean às leth chom-pàirtichean iomairt ann an Alba, a' gabhail a-steach Business Gateway.

## STRUCTAR EAGRACHAIL

Tha lomairt na h-Alba air a stiùireadh le Àrd-Oifigear a tha na bhall do agus a tha a' comhairleachadh a' Bhùird Stiùiridh. Tha còig roinnean, gach aon fo stiùir Àrd-Mhanaidsear, ag aithris don Àrd-Oifigear, a tha cuideachd mar Oifigear Cunntachail don bhuidheann. Tha an structar roinneil air a mhìneachadh san diagram gu h-ìosal:



Tha luchd-obrach agus àireamhan oifise lomairt na h-Alba còmhla ris a' bhuidseat, air an sealltainn san diagram a leanas:

## Ar n-Ionmhas

Geàrr-iomradh ionmhasail 2021/22

Teachd-a-steach planaichte	2021/22 (£m)	Teachd-a-steach planaichte	2021/22 (£m)
<b>Maoineachadh Riaghaltas na h-Alba</b>		<b>Teachd-a-steach gnothachais eile</b>	
Tabhartas-gus-cuideachadh – Riarachadh goireis (bun-loidhne)	135.1	Maoinean an EU	8.9
Tar-aiseagan sùilichte (lom)	9.5	Cuidhtean Seilbhe	14.5
<b>Tabhartas sùilichte iomlan – Riaghladh Ghoireasan</b>	<b>144.6</b>	Teachd-a-steach Seilbhe	5.1
Tabhartas – Riarachadh calpa (bun-loidhne)	58.3	Teachd-a-steach Gnothachais eile (gun inbheisteadh fàs)	6.9
Tabhartas – Riarachadh calpa (Obraichean Uaine)	8.4	Teachd-a-steach Inbheistidhean Fàs	56.8
Tabhartas - Riarachadh calpa (Ionad Saidheans Ghlaschu)	5.5	<i>de dhiubh:</i>	
Tar-aiseagan sùilichte – Calpa (lom)	41.8	Maoin Iasad Alba	3.0
Tabhartas – Eadar-theachdan Ionmhais (Prìomh)	48.8	Epidarex	4.0
Tar-aiseagan sùilichte - Eadar-theachdan Ionmhais - Maoin Inbheistidh Cumhachd (EIF)	5.0	Maoinean eile, le Co-inbheisteadh Alba is Maoin Venture (Falbhan is Teachd-a-steach Eile)	49.0
<b>Tabhartas-gus-Cuideachadh iomlan sùilichte – Riarachadh Calpa is FT</b>	<b>167.8</b>	Teachd-a-steach Maoin Inbheistidh Cumhachd (EIF)	0.8
<b>Maoineachadh iomlan sùilichte Riaghaltas na h-Alba</b>	<b>312.4</b>	<b>Teachd-a-steach Gnothachais iomlan eile</b>	<b>92.2</b>
		<b>Teachd-a-steach iomlan</b>	<b>404.6</b>

Luchd-obrach iomlan: 1167

- 703 boireann
- 464 fireann
- SE: 879 (75.3%)
- SDI: 288 (24.7%)
- Dachaidhean: 1057
- Thall-thairis: 110
- 5 Ionadan: (Paris, Berlin, A' Bhruiseal, Baile Átha Cliath, Lunnainn)
- 52 oifisean: (sin thall-thairis, Lunnainn agus luchd-obrach stèidhichte FCO)

### GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH IOMAIRT NA H-ALBA

Chan eil Iomairt na h-Alba gu làithreach a' gabhail gnìomhachd shònraichte Ghàidhlig os làimh. Ach, tha sinn a' tuigsinn gu bheil Gàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas na h-Alba agus tha comas aice mar sho-mhaoin air luach eaconamach a chur ris gu h-àraid ann an roinnean leithid turasachd, biadh is deoch, dualchas agus gnìomhachasan cruthachail.<sup>1</sup>

Tha branndadh nan companaidhean sin aig a bheil ainmean Gàidhlig air leth luachmhor ann am mìneachadh bun-sgeòil agus fìorachd an toraidh. Mar eisimpleir, tha ceangal soilleir eadar Gàidhlig agus agus aon de ghnìomhachasan na h-Alba – uisge-beatha. Tha co-dhiù 80

<sup>1</sup> Gàidhlig mar Sho-mhaoin Eaconamach; Còmhhdail na Gàidhealtachd 's nan Eilean

taigh-staile ann an Alba le ainmean Gàidhlig agus tha àite cudromach aig an ainm ann an eachdraidh is margaideachd an uisge-beatha.<sup>2</sup>

A thuilleadh air na coimhearsnachdan is margaidean Gàidhlig sin sa chòrr de dh'Alba, tha sinn a' tuigsinn gu bheil margaidean eadar-nàiseanta ann do bhathar is do sheirbheisean Gàidhlig, gu h-àraid san diaspora Albannach agus nas fharsainge air a sgaoileadh na a-mhàin iadsan le sgilean Gàidhlig. A rèir sin, tha plana lomairt na h-Alba a' tuigsinn feumalachdan taic luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith comasach air com-pàirteachadh gu h-ìomlan ann an obair eadar-nàiseanta lomairt na h-Alba.

## GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Aig àm cunntas-sluaigh 2011 (gu làithreach an cunntas as ùire), bha beagan sgilean Gàidhlig aig 87,100 neach aois trì bliadhna no còrr ann an Alba (1.7% den àireamh-sluaigh). Den 87,100 neach sin:

- bha làn sgilean ann an Gàidhlig aig 32,400 (37%), 's e sin, b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a labhairt, a leughadh agus a sgrìobhadh
- b' urrainn do 57,600 (66%) Gàidhlig a labhairt
- b' urrainn do 6,100 (7%) Gàidhlig a leughadh agus/no sgrìobhadh ach cha b' urrainn Gàidhlig a labhairt
- bha 23,400 (27%) comasach air Gàidhlig a thuigsinn, ach cha b' urrainn dhaibh a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh.

Is e a' Ghàidhealtachd, na h-Eileanan Siar agus Baile Ghlaschu na h-ùghdarrasan ionadail leis na h-àireamhan as motha de dhaoine aig a bheil comas ann an Gàidhlig; le faisg air leth (49%) dhiubh sin le cuid de sgilean Gàidhlig gu nàiseanta, agus 70.3% de dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh, a' còmhnaidh taobh a-staigh nan trì ùghdarrasan ionadail sin. Bha a' cho-chuid de dhaoine aois a trì no còrr le cuid de sgilean Gàidhlig na b' àirde sna h-Eileanan Siar (61%), a' Ghàidhealtachd (7%) agus Earra-Ghàidheal is Bòd (6%). Ann am Baile Ghlaschu bha e 1.7%, ged a tha seo co-ionann ris a' chuibheas nàiseanta, tha e a' riochdachadh dùmhachd àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh aon àite cruinn-eòlasach.

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

B' e aon de phrìomh fheartan Achd 2005, solar a' comasachadh do Bhòrd na Gàidhlig riatanas a chur air ùghdarrasan ionadail gu plana Gàidhlig a dheasachadh. Bha an solar seo

<sup>2</sup> Acadamaidh Uisge-beatha Dhùn Èideann



air a dhealbhadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' coileanadh a dleastanasan ann an cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, le bhith ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh a' chàinain agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba, air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a dh'adhartaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Tha am Plana seo air a dheasachadh ann an co-rèir ris na slatan-tomhais reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd 2005 agus le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Iomairt na h-Alba a' cur taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gu bheil "Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean."

Tha sinn dealasach a thaobh an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh air ar n-obair air na trì cinn seo:-

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhinn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh nas trice, ann an eadar-chonaltradh leinne;
- Meudachadh a' chothruim do dhaoine air Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de an obrachaidhean làitheil;
- Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig aig a h-uile cothrom mar phàirt de ar n-obrachaidhean bho latha-gu-latha mar bhuidheann.

## SGRÙDADH COMAS GÀIDHLIG A-STAIGH

Mus do sgrìobh sinn Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba, ghabh sinn suirbhidh cho-obraichean os làimh san Ògmhios 2021, gus na h-ìrean Gàidhlig sa bhuidheann a thuigsinn nas fheàrr. B' e amas an t-suirbhidh seo, an àireamh de cho-obraichean le sgilean Gàidhlig a thuigsinn agus am bu thoigh le co-obraichean trèanadh ann an sgilean Gàidhlig fhaighinn. Bha an t-suirbhidh fosgailte airson còrr agus seachdain agus air a conaltradh gu co-obraichean tro ar sianalan conaltraidh àbhaisteach a-staigh.

Ghabh 411 co-obraiche an t-suirbhidh os làimh, mu 35% de cho-obraichean aig Iomairt na h-Alba.

Thuir a' mhòr-chuid de cho-obraichean a lìon an t-suirbhidh nach b' e luchd-labhairt Gàidhlig a bh' annta (95%). Thuir 9 co-obraichean gun robh Gàidhlig aca (2%) agus thuir 13 co-obraichean (3%) gun robh iad ag ionnsachadh Gàidhlig gu làithreach.

Chaidh faighneachd do cho-obraichean mar phàirt den t-suirbhidh, an robh iad a-riamh ann an suidheachadh obrach far an robh cleachdadh na Gàidhlig na lùib. Thuir 95% nach robh, le 5% ag ràdh gun robh.

Chaidh faighneachd do luchd-freagairt an robh iad a-riamh air còmhradh ri luchd-dèiligidh bhon taobh a-muigh no buidhnean com-pàirteachais ann an Gàidhlig. Thuir 98% nach robh agus dìreach 2% ag ràdh gun robh còmhradhean aca ann an Gàidhlig le com-pàirtichean no teachdaichean.

Chaidh faighneachd do cho-obraichean an robh ùidh aca ann an leasachadh an sgilean Gàidhlig. Bha ùidh mhòr no beagan ùidhe aig 45% de luchd-freagairt ann an sin a dhèanamh. Thuir 55% nach robh ùidh sam bith aca ann.

Leanaidh sinn air adhart a' cumail sùil air sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' bhuidhinn gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' dèiligeadh ris na feumalachdan trèanaidh aig an luchd-obrach againn, agus gu h-àraid mar a ghabhas iad sin an leasachadh gus cuideachadh le iarrtas airson seirbheisean ann an Gàidhlig a mhaidseadh.

## CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG

Tha Achd 2005 ag iarraidh gun co-chomhairlich ùghdarrasan poblach air an dreachd plana Gàidhlig mus cuir iad a-steach e gu Bòrd na Gàidhlig.

Bu chòir don earrann seo den phlana geàrr-iomradh a thoirt air prìomh thoraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich, le làn fhiosrachadh mionaideach air a ghabhail a-steach do Phàipear-taic 2 don phlana [RI CHRÌOCHNACHADH A' LEANTAINN AIR CO-CHOMHAIRLEACHADH]

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Tha Iomairt na h-Alba dealasach a thaobh prìomh phrionnsapalan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chuirear an cèill tarsainn a' phlana againn agus air feadh a' bhuidhinn.

### SPÈIS CO-IONANN

Fo chumhachan Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla agus tha am Bòrd an uair sin a' sùileachadh gun taisbean ùghdarrasan poblach am

planaichean air mar a ghabhas am prionnsapal a choileanadh agus a chumail suas ann an da-rìribh.

Bidh Iomairt na h-Alba a' dèanamh cinnteach, far a bheil a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar n-obrachaidhean agus ar seirbheisean, gum bi i aig ìre agus càileachd co-ionann ris na seirbheisean air an solarachadh ann am Beurla.

## TAIRGSE GHNÌOMHACH

Bheir Iomairt na h-Alba seachad tairgse ghnìomhach de ar seirbheisean Gàidhlig do ar cosnaichean agus don phoball. Nì seo cinnteach nuair a bhios sinn a' tabhann sheirbheisean sònraichte, gu bheil luchd-cleachdaidh Gàidhlig gan dèanamh mothachail gu bheil iad rim faotainn, agus gum bithear gu gnìomhach gam brosnachadh an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bho gach neach fa leth a thaobh na seirbheis shònraichte sin iarraidh agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh Gàidhlig a bhith cinnteach gu bheil am feumalachdan gan coileanadh, mas e sin an roghainn.

Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ar seirbheisean sa Ghàidhlig cho ruigsinneach 's a tha ar seirbheisean sa Bheurla.

## PRÌOMH-SHRUTHADH

Is e prìomh amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, gum bi Gàidhlig air a cleachdadh nas trice le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean. Gus an t-amas seo a choileanadh, tha àbhaisteachadh no prìomh-shruthadh na Gàidhlig mar phàirt de inneach làitheil beatha nuadh-aimsireil na h-Alba, na phrìomh ghnìomh agus tha ùghdarrasan poblach aig cridhe seo.

Bidh Iomairt na h-Alba a' dèanamh cinnteach gun tèid tuilleadh chothroman a chomharrachadh don phoball agus don luchd-obrach airson Gàidhlig a chleachdadh mar thaic do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, gum bi Gàidhlig air a cleachdadh nas trice le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

### 3. DEALASAN A' PHLANA

#### AMASAN ÀRD-ÌREIL

Tha na h-amasan àrd-ìreil mar àireamh bheag de ghniomhan ìre ro-innleachdail air am frèamadh mu thimcheall trì cinn bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig:-

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig
- Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig
- Adhartachadh iomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig

#### MEUDACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha na targaid	Oifigear / Roinn Chunntachail
<b>Amas Àrd-ìreil 1</b> : Cuiridh Iomairt na h-Alba fàilte air conaltradh bho ghnòthachasan a tha a' cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de am modh-obrach ann an cruthachadh obraichean nas fheàrr, a bhios a' cur taic ri sunnd air feadh Alba.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach</b> : Gu làithreach, tha solar cuibhrichte sealach againn.		
<ul style="list-style-type: none"><li>• sreath-cinn freagairt nam post-d àbhaisteach a leasachadh agus a chur an aithne, gus cuideachadh le taisbeanadh gu bheil Iomairt na h-Alba a' cur fàilte air conaltradh bho ghnòthachasan a' cleachdadh Gàidhlig</li></ul>	2022-2023	Cùisean Corporra is Margaideachd
<ul style="list-style-type: none"><li>• conaltradh ri co-obraichean gus comas a dhearbhadh air ceistean ann an Gàidhlig a sheirbheiseachadh, a' toirt seachad trèanadh buntainneach agus a' buileachadh phròiseasan riatanach, mas iomchaidh</li></ul>	2024-2027	HR
<ul style="list-style-type: none"><li>• dèanamh chompanaidhean às-mhalairt mothachail do na comasan san amharc an lùib cleachdadh cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt den USP aca, agus am bun-</li></ul>	2023-2024	Leasachadh Eaconamach Eadar-nàiseanta

sgeòil a tha iad a' conaltradh ann am margaideachd an toraidhean agus an seirbheisean		
<ul style="list-style-type: none"> <li>rannsachadh na h-ìre iarrtais airson taic le Gàidhlig ann am modh-obrach stiùiridh ghairmean Iomairt na h-Alba, a' leantainn air crìochnachadh a' phròiseis</li> </ul>	2024-2027	Seirbheisean is Comhairle Gnothachais
<ul style="list-style-type: none"> <li>obrachadh le com-pàirtichean air an t-iarrtas a rannsachadh airson nan slighean teicnigeach a tha rim faotainn gus goireas eadar-theangachaidh gu Gàidhlig a ghabhail a-steach, taobh a-staigh làrach-lìn Lorg Taic Gnothachais</li> </ul>	2024-2027	Seirbheisean is Comhairle Gnothachais
<p><b>Amas Àrd-Ìreil 2 :</b> Obraichidh Iomairt na h-Alba le com-pàirtichean gus cothroman a thuigsinn agus a chomharrachadh airson Gàidhlig a chur an cèill ann am pròiseactan tar-chom-pàirtichean.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Cleachdadh sealach.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>obrachadh le com-pàirtichean gus beachdachadh air cothroman airson co-obrachadh, a' gabhail a-steach sireadh eaconamaidhean de sgèile mar as iomchaidh, agus a' toirt an fheum as fheàrr à goireasan tarsainn chom-pàirtichean a tha an sàs</li> </ul>	2023-2027	Na Roinnean uile
<ul style="list-style-type: none"> <li>ath-sgrùdadh cheanglaichean Gàidhlig nam ball ann am Prògram GlobalScot le amas air cothroman a leasachadh / inbheisteadh a tharraing, aig a bheil ceangal ri sgìrean agus coimhearsnachdan Gàidhlig</li> </ul>	2023-2027	Leasachadh Eaconamach Eadar-nàiseanta
<ul style="list-style-type: none"> <li>co-obrachadh le com-pàirtichean leasachaidh eaconamach agus buidhnean gnìomhachais air pròiseactan, gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh taobh a-staigh a' ghnìomhachais turasachd</li> </ul>	2023-2027	Leasachadh Eaconamach Albannach
<p><b>Amas Àrd-Ìreil 3 :</b> Bidh cuimse Iomairt na h-Alba air taic do bhith a' cruthachadh barrachd obraichean nas fheàrr, a' gabhail a-steach aithne gu bheil comas air Gàidhlig a chleachdadh a' cur taic ri sunnd, cothromachd agus spèis don Ghàidhlig.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gu làithreach, chan eil sinn a' toirt iomradh air Gàidhlig gu sònraichte taobh a-staigh ar planaichean.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha sinn a' cleachdadh nan sianalan a tha rim faotainn, (a' gabhail a-steach làrach-lìn, Twitter, Linked-in) gus togail air ar dealasan a thaobh na Gàidhlig</li> </ul>	2022-2023	Cùisean Corporra is Margaideachd

## MEUDACHADH IONNSACHADH NA Gàidhlig

Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha na Targaid	Oifigear / Roinn Chunntachail
<p><b>Amas Àrd-Ìreil 1 :</b> Bidh Iomairt na h-Alba ag iarraidh air co-obraichean taic a chur ri conaltradh a' chànain agus a cultar, buannachdan nas fharsainghe a' chànain a thuigsinn agus a h-aithneachadh mar sgil luachmhor.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tha Iomairt na h-Alba air conaltradh a thòiseachadh tarsainn a' bhuidhinn air aghaidh air am Plana Gàidhlig fhoillseachadh.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>plana conaltraidh air an taobh a-staigh a leasachadh airson com-pàirt cho-obraichean le Gàidhlig, a buannachdan nas fharsainghe agus a h-àite ann an Alba</li> </ul>	2022-2023	Conaltraidhean chosnaichean
<p><b>Amas Àrd-Ìreil 2 :</b> Bidh Iomairt na h-Alba a' gabhail a-steach mothachadh don Ghàidhlig ann an inntrigeadh luchd-obrach.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tha raointean co-thaobhaidh leis a' Phlana Ghàidhlig air an comharrachadh taobh a-staigh Prògram Inntrigidh a' bhuidhinn gus dealas don Ghàidhlig adhartachadh agus mothachadh a thogail am measg cho-obraichean ùra.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>buileachadh air a' Phrògram Inntrigidh ùr, a' gabhail a-steach oideachadh chosnaichean ùra mu dhealasan Iomairt na h-Alba fon Phlana Ghàidhlig aca</li> </ul>	2022-2023	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Bhuidhinn, HR
<p><b>Amas Àrd-Ìreil 3 :</b> Comharraichidh Iomairt na h-Alba feumalachdan Gàidhlig tro phlanaichean leasachaidh pearsanta agus thèid fuasglaidhean a libhrigeadh tro shreath ionnsachaidh Acadamaidh Iomairt na h-Alba.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Sheall suirbhidh luchd-obrach o chionn ghoirid gu bheil Gàidhlig aig àireamh bheag de cho-obraichean sa bhuidheann no gu làithreach ag ionnsachadh Gàidhlig. Dhearbh an t-suirbhidh cuideachd gun robh làn ùidh no beagan ùidh aig àireamh de luchd-obrach (184) ann an leasachadh sgilean Gàidhlig.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>brosnachadh cho-obraichean gu miann air trèanadh cànan a nochdadh ann an deasbadan coileanaidh cunbhalach le Manaidsearan Luchd-obrach</li> </ul>	2022-2027	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Bhuidhinn
<ul style="list-style-type: none"> <li>buannachdan is cothroman do luchd-obrach a rannsachadh airson Gàidhlig ionnsachadh air-loidhne mar ghnìomhachd togail sgioba</li> </ul>	2024-2025	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Bhuidhinn

## ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINNEACH DON GHÀIDHLIG

<p><b>Amas Àrd-Ìreil 1</b> : Bidh Iomairt na h-Alba a’ dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach uile a’ com-pàirteachadh sa Phlana Ghàidhlig agus a’ tuigsinn an dleastanais reachdail a thaobh a dhealasan a libhrigeadh.</p> <p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach</b> : Tha tuigse chuibhrichte aig co-obrachachan don riatanas reachdail air Iomairt na h-Alba gu plana a leasachadh. Tha cothrom air a bhith aca tuigse làithreach don Ghàidhlig a shealltainn, agus ùidh ann an leasachadh sgilean.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>• cur an aithne fiosrachadh mun Ghàidhlig tarsainn sianalan Iomairt na h-Alba, a’ gabhail a-steach stuthan margaideachd didseatach Gàidhlig san amharc – taidhlichean sòisealta, bhidiothan, is eile</li> </ul>	2023-2027	Cùisean Corporra is Margaideachd
<ul style="list-style-type: none"> <li>• cleachdadh na Gàidhlig aig tachartasan Scotland Europa agus seiminearan air-loidhne a phileatadh, mar eisimpleir, fosgladh/fàilte ann an Gàidhlig gus cleachdadh air a’ chànan a phrìomh-shruthadh a-steach do ar n-obair làitheil</li> </ul>	2023-2024	Alba Europa
<ul style="list-style-type: none"> <li>• soidhneachadh puist-d dà-chànanach a leasachadh airson cleachdadh le luchd-obrach uile</li> </ul>	2022-2023	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Bhuidhinn
<ul style="list-style-type: none"> <li>• leantainn ag adhartachadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar prògram thachartasan cultarach ann an Taigh Alba sa Bhruiseal (Scotland House Brussels)</li> </ul>	2022-2023	Alba Europa
<ul style="list-style-type: none"> <li>• beachdachadh air ceanglaichean is co-obrachadh Iomairt Alba le <a href="#">Lìonra Co-ionannachd Cànan Eòrpach</a> a dhoimhneachadh, gus tuigse nas fheàrr do na poileasaidhean a chosnadh, a tha aca nan àite mu thimcheall nan diofar mhion-chànanan fa leth agus mar a dh’fhaodadh iad sin Iomairt Alba a chuideachadh gu a phlana fhèin a leasachadh agus a bhuileachadh</li> </ul>	2023-2025	Alba Europa
<ul style="list-style-type: none"> <li>• goireasan san amharc a sgrùdadh taobh a-staigh phrògraman maoineachaidh Eòrpach a dh’fhaodadh taic a chur ri iomairtean Gàidhlig</li> </ul>	2022-2027	Alba Europa

## AMASAN SEIRBHEIS CHORPORRA

### INBHE

Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha na Targaid	Oifigear / Roinn Chunntachail
<b>Buil mhiannaichte : Suaicheantas is Brannnd</b> : An suaicheantas corporra is branndadh ann an Gàidhlig agus Beurla aig a’ chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ath-nuadhachaidh. Bu chòir don t-suaicheantas follaiseachd cho-ionann a thaisbeanadh don dà chànan.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach</b> : Air fhaicinn mar phàirt de leasachadh leantainneach air ar stiùiridhean branndaidh.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>dèanamh cinnteach gun tèid an suaicheantas corporra agus am branndadh a nochdadh ann an Gàidhlig agus Beurla aig a’ chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ath-nuadhachaidh sam bith</li> </ul>	Loidhne-tìm ath-nuadhachaidh	Margaideachd – Dealbhadh Grafaigeach
<b>Buil mhiannaichte : Soidhneachd</b> : Bidh soidhneachd fhaicsinneach a’ gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt den phròiseas ath-nuadhachaidh.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach</b> : Air fhaicinn mar phàirt de chuairt ùrachaidh sam bith air soidhneachd oifis, san àm ri teachd.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>dèanamh cinnteach gum bi soidhneachd àrd-bhuadhach iomchaidh air a nochdadh gu dà-chànanach mar phàirt de phròiseas ath-nuadhachaidh Iomairt Alba</li> </ul>	Loidhne-tìm ath-nuadhachaidh	Seirbheisean Oifis

### CONALTRADH LEIS A’ PHOBALL

<b>Buil mhiannaichte : Adhartachadh</b> : Teachdaireachd dheimhinneach gu bheil conaltradh bhon phoball ann an Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach</b> : Chan eil seo air a bhith na chleachdadh cunbhalach aig Iomairt Alba gu ruige seo.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>cuir aithris iomchaidh air làrach-lìn Iomairt Alba agus dèan sgrùdadh air mar a dh’fhaodadh ar gnìomhachd chonaltraidhean an teachdaireachd adhartachadh barrachd gu bheil Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte</li> </ul>	2022-2023	Cùisean Corporra is Margaideachd



<ul style="list-style-type: none"> <li>far a bheil e iomchaidh, cleachdaidh sinn am brannd #cleachdi gus sealltainn do luchd-labhairt na Gàidhlig gu bheil iad di-beathte <a href="https://www.gaidhlig.scot/en/the-cleachdi-initiative/">https://www.gaidhlig.scot/en/the-cleachdi-initiative/</a></li> </ul>		
<b>Buil mhiannaichte : Conaltradh Sgrìobhte :</b> Gabhar an-còmhnaidh ri conaltradh Gàidhlig (sa phost, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt ann an Gàidhlig ann an co-rèir ris a' phoileasaidh san fharsaingeachd.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tionndaidhean Gàidhlig air an toirt gu buil le an iarraidh, cunbhalach do chànanan eile.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>ath-sgrùdadh air a' ghoireas 'Cuir fios thugainn' tarsainn shianalan conaltraidh sgrìobhte uile agus neartaich mar as iomchaidh gus conaltraidhean Gàidhlig a chomasachadh</li> </ul>	2023-2024	Cùisean Corporra is Margaideachd
<b>Buil mhiannaichte : Fàilteachas is Fòn :</b> Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faighinn taic air sin a dhèanamh agus tha an t-seirbheis air a h-adhartachadh don phoball.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tha seirbheisean fàilteachaidh sa mhòr-chuid, air an solarachadh tro chunradair air an taobh a-muigh.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>ann an eacarsaichean solarachaidh san àm ri teachd, gabhaidh sinn cunntas air sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas tairgsinn</li> </ul>	A rèir clàr-ama solarachaidh	Seirbheisean Oifis
<b>Buil mhiannaichte : Coinneamhan poblach :</b> Cothroman air coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, air an rannsachadh agus air an adhartachadh gu cunbhalach.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil lomairt na h-Alba gu cunbhalach a' cumail choinneamhan poblach.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>thèid beachdachadh air goireas dà-chànanach a sholarachadh, airson choinneamhan poblach buntainneach sam bith a ghabh os làimh</li> </ul>	Mar a bhios riatanach	Cùisean Corporra is Margaideachd

## FIOSRACHADH

<b>Buil mhiannaichte : Brathan Naidheachd :</b> Brathan naidheachd àrd-ìomhaigheil agus na brathan naidheachd uile co-cheangailte ri Gàidhlig rim faotainn ann an Gàidhlig agus Beurla.
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil brathan naidheachd air an cuairteachadh ann an Gàidhlig.

<ul style="list-style-type: none"> <li>gu gnìomhach a’ tabhann naidheachdan àrd-ìomhaigheil ann an Gàidhlig</li> </ul>	2023-2027	Cùisean Corporra is Margaideachd
<p><b>Buil mhiannaichte : Meadhanan Sòisealta :</b> Susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh fìor agus san amharc.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil Gàidhlig air a solarachadh san fharsaingeachd tro shianalan mheadhanan sòisealta ach bidh eadar-theangachaidhean rim faotainn le an iarraidh, mar a tha cànanan eile.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>thèid susbaint Ghàidhlig a sgaoileadh tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh fìor agus san amharc</li> </ul>	2023-2027	Susbaint – meadhanan sòisealta
<p><b>Buil mhiannaichte : Làrach-lìn :</b> Bu chòir do shusbaint Ghàidhlig a bhith ri faotainn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air a thoirt do na duilleagan leis an ruigsinneachd as àirde san amharc.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil seo na chleachdadh gu làithreach.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>tòiseachadh a leasachadh susbaint gun ghluasad ann an Gàidhlig agus às dèidh sin a’ leudachadh beag air bheag, a’ toirt prìomhachas do shusbaint àrd-bhuadhach</li> <li>beachdachadh air solar a leasachadh taobh a-staigh earrann ‘Ruigsinneachd air Fiosrachadh’ air làrach-lìn Iomairt na h-Alba</li> </ul>	2022-2027	Susbaint – làrach-lìn
<p><b>Buil mhiannaichte : Foillseachaidhean Corporra :</b> Air an toirt gu buil ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air a thoirt dhaibhsan leis an ruigsinneachd as àirde san amharc.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil seo na chleachdadh gu làithreach.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>bidh tar-sgrìobhaidhean rim faotainn le an iarraidh, ann an co-rèir ri ar modh-obrach a thaobh chànanan eile</li> </ul>	2023-2027	Margaideachd - Susbaint
<p><b>Buil mhiannaichte : Goireasachd cànan :</b> Tha pròiseas na àite gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd air Gàidhlig àrd ann am fiosrachadh corporra uile.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Chan eil seo na chleachdadh gu làithreach.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>pròiseas a leasachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil càileachd is ruigsinneachd air Gàidhlig àrd, ann am fiosrachadh corporra uile</li> </ul>	2024-2025	Cùisean Corporra is Margaideachd
<p><b>Buil mhiannaichte : Taisbeanaidhean :</b> Bu chòir do chothroman air taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig a rannsachadh air bunait chunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan le comas air a’ bhuidh as àirde.</p>		

<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tar-sgrìobhaidhean rim faotainn le an iarraidh.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>ath-sgrùdadh mar a dh'fhaodadh an àrainneachd dhìdeatach làithreach air-loidhne, cothrom a thoirt air taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, a' gabhail a-steach m.e. seiminear an air-loidhne</li> </ul>	2023-2027	Margaideachd - Susbaint

## LUCHD-OBACH

<b>Buil mhiannaichte : In-Sgrùdadh :</b> Coilean sgrùdadh a-staigh air sgìlean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro bheatha gach plana.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Crìochnaichte – an t-suirbhidh crìochnaichte san Ògmhios 2021.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>aontachadh raon-ama airson ath-shuirbhidh</li> <li>thèid ath-sgrùdaidhean cunbhalach air an àrd-ùrlar e-ionnsachaidh a tha ri teachd, a ghabhail os làimh gus sùil a chumail air an àireamh de dhaoine a' leasachadh an sgìlean Gàidhlig. Tha sinn an dùil ri adhartachadh cunbhalach air an tairgse e-ionnsachaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' cuimhneachadh do cho-obraichean mu na cothroman leantainneach air sgìlean Gàidhlig a leasachadh.</li> </ul>	Aig puingeann iomchaidh tro bheatha a' phlana	Conaltraidhean Chosnaichean; Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhinn
<b>Buil mhiannaichte : Inntrigidh :</b> Eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich air a ghabhail a-steach do inntrigidhean luchd-obrach ùr.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Tha am Prògram Inntrigidh làithreach ga ath-sgrùdadh agus ga ath-dhealbhadh. Tha planaichean ann airson am Plana Gàidhlig adhartachadh do chosnaichean ùra, còmhla ri solar san amharc air tairgse e-ionnsachaidh gus cothrom a thoirt air sgìlean Gàidhlig.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>am Plana Gàidhlig a bhith mar phàirt den Phrògram Inntrigidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach uile a' tighinn don phrògram, air an comharrachadh 's air am brosnachadh gus iad fhèin a dhèanamh fiosrachail mun phlana</li> <li></li> </ul>	2022-2027	HR, Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhinn
<b>Buil mhiannaichte : Trèanadh cànan :</b> Trèanadh is leasachadh air sgìlean Gàidhlig air a thabhann do luchd-obrach, gu h-àraid a thaobh buileachadh air plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gu làithreach, tha e comasach do cho-obraichean trèanadh sgìlean Gàidhlig iarraidh tro ar Iarrtas Ionnsachaidh Pearsanta, mar a bhios riatanach.		

<ul style="list-style-type: none"> <li>• tabhann air tairgse e-ionnsachaidh ùr gus sreath de chànanan a sholarachadh do cho-obraichean air-loidhne, a’ gabhail a-steach Gàidhlig</li> </ul>	2023-2024	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhinn, HR
<p><b>Buil mhiannaichte : Trèanadh mothachaidh :</b> Trèanadh mothachadh don Ghàidhlig ga thabhann do luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill a’ bhùird agus luchd-obrach a’ dèiligeadh gu dìreach leis a’ phoball.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gu làithreach, tha Buidheann Obrach a’ Phlana Ghàidhlig a’ toirt fiosrachadh buntainneach mu chùl-fhiosrachadh ar plana agus an gealltanais a tha a dhìth.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>• bidh trèanadh ann am Mothachadh don Ghàidhlig air a thabhann do luchd-obrach, a’ gabhail a-steach àrd-sgiobaidhean stiùiridh is ceannardais</li> </ul>	2023-2027	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhinn, HR
<p><b>Buil mhiannaichte : Trusadh :</b> Ag aithneachadh agus a’ toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a’ phròiseas trusaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gabhaidh seo a dheasbad le bal den Sgioba HR a thaobh riatanasan obrach feumail sònraichte sam bith.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>• beachdachadh air an ìre de sgilean Gàidhlig aig àm trusaidh gu dreuchdan sònraichte mar a bhios riatanach</li> </ul>	2023-2027	HR
<p><b>Buil mhiannaichte : Trusadh :</b> Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach / ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan dreuchd airson am plana Gàidhlig a libhrigeadh, agus ann an co-rèir ri comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Faodaidh seo a dheasbad le ball de Sgioba HR a thaobh riatanasan obrach feumail sònraichte sam bith.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>• thèid beachd a thoirt air dreuchdan agus a bheil Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte</li> </ul>	2023-2027	HR
<p><b>Buil mhiannaichte : Trusadh:</b> Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin le dreuchdan uile far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.</p>		
<p><b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Faodaidh seo a dheasbad le ball de Sgioba HR a thaobh riatanasan dreuchdail feumail sònraichte sam bith.</p>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>• thèid dèiligeadh ri seo air bunait sealach, far a bheil Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach do dhreuchd shònraichte</li> </ul>	2023-2027	HR

## CORPAS NA GÀIDHLIG

<b>Buil mhiannaichte : Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig :</b> Bidh na Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig as ùire gan leantainn a thaobh stuthan sgrìobhte uile air an toirt gu buil leis an ùghdarras phoblach.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gu ruige seo, cha robh riatanas sònraichte sam bith air Iomairt na h-Alba gu Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig a chleachdadh.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>sgrùdadh mar a dh'fhaodas Iomairt na h-Alba an cleachdadh as fheàrr air Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig làithreach, a chur an gnìomh</li> </ul>	2022-2027	Conaltraidhean is Margaideachd
<b>Buil mhiannaichte : Ainmean-àite :</b> Comhairle mu ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba ga shireadh 's ga chleachdadh.		
<b>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach :</b> Gu ruige seo tha aon oifis, Taigh Apex ann an Dùn Èideann, air ainmean-àite Gàidhlig a ghabhail a-steach.		
<ul style="list-style-type: none"> <li>sgrùdadh na dòigh as fheàrr do Iomairt na h-Alba gnàthasan ainmeachaidh àiteachan Ainmean Àite na h-Alba a leantainn</li> </ul>	2022-2027	Conaltraidhean is Margaideachd

## 5. CEANGLAICHEAN GU AN FHRÈAM COILEANAIDH NÀISEANTA

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta airson Alba air fad. Is e adhbhar:

- dùthaich nas soirbheachail a chruthachadh
- cothroman a thoirt do gach neach a' fuireach ann an Alba
- sunnd dhaoine a' fuireach ann an Alba a mheudachadh
- fàs seasmhach is in-ghabhalach a chruthachadh
- neo-ionannachdan a lùghdachadh agus cudromachd co-ionann a thoirt do adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta

Tha na gealltanasan anns a' chiad Phlana Gàidhlig aig Iomairt na h-Alba nan laighe aig cridhe prìomhachasan an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta. Mar eisimpleir:

- Tro ar gnìomhachdan a thaobh àireamhan is comasan luchd-obrach a thogail gus Gàidhlig a chleachdadh nan obair, bidh barrachd leud agus doimhneachd goireis againn do luchd-cleachdaidh le Gàidhlig air na seirbheisean againn a ruighinn agus a thaic, agus aig a' cheann thall a' cuideachadh le sunnd dhaoine a' fuireach ann an Alba a mheudachadh.
- Tro ar n-aithne do luach na Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach a dh'fhaodadh cur gu leantainneach ri ar n-obair eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach mar a tha Alba ga faicinn ann an suidheachadh cruinneil, bhiodh sinn a' cur ris an amas a thaobh dùthaich nas soirbheachail a chruthachadh.
- Le bhith a' cur fàilte air ceangal bho ghnothachasan a dh'fhaodadh a bhith airson conaltradh ri Iomairt na h-Alba ann an Gàidhlig, bidh sinn ag ìsleachadh bhacaidhean ann an cothrom air ar seirbheisean agus a' cuideachadh le neo-ionannachdan a lùghdachadh air feadh Alba.

Gheibhear làn fhiosrachadh air an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta aig

<https://nationalperformance.gov.scot/>

## 6. CEANGLAICHEAN GU FRÈAMAN IONADAIL IS ROINNEIL

Tha Iomairt na h-Alba ag aithneachadh rùn Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann an coileanadh èifeachd thionalach air feadh Alba tro na diofar phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach. Mar sin, bidh Iomairt na h-Alba mothachail do bhith a' sireadh chothroman gus gnìomhachdan buntainneach taobh a-staigh a' phlana a cho-thaobhadh le gnìomhachdan

nan ùghdarrasan poblach eile, ach cuideachd le cothroman a dh'fhaodadh a thighinn am bàrr tro bhith an sàs ann an Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd sam bith no gnìomhachdan planaidh Roinneil.

## 7. FOILLSEACHADH

### FOILLSEACHADH IS FOLLAISEACHADH A' PHLANA

#### AIR AN TAOBH A-STAIGH

---

Thèid plana chonaltraidhean air an taobh a-staigh a leasachadh gus mothachadh do ar Plana Gàidhlig a thogail, mar a bhios sinn ga lìbhrigeadh agus mar a dh'fhaodas co-obraichean a thighinn an sàs ann.

Bu chòir don seo mion-fhiosrachadh a thoirt air mar a leigeas an t-ùghdarras poblach fios mun phlana Ghàidhlig aca gu an luchd-obrach agus luchd-ùidhe eile air an taobh a-staigh aig gach ìre den bhuidheann, dè an t-uallach a th' orra a thaobh lìbhrigeadh agus a thaobh nan cothroman a tha an làthair gu Gàidhlig a chleachdadh agus / no sgilean a leasachadh.

#### AIR AN TAOBH A-MUIGH

Bidh Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba air fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla air an làrach-lìn againn. A thuilleadh air sin:-

- foillsichidh sinn am plana tro mheasgachadh de àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta
- sgaoilear lethbhreacan den phlana gu buidhnean eile co-cheangailte agus buidhnean treas-phàrtaidh, a' mìneachadh an dleastanais ann an lìbhrigeadh a' phlana
- sgaoilear lethbhreacan den phlana gu prìomh luchd-ùidhe sna h-earrannan poblach, prìobhaideach agus treas earrainn
- sgaoilear lethbhreacan den phlana gu buidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean eile le ùidh
- bidh lethbhreacan pàipeir rim faotainn le an iarraidh



## 8. GOIREASACHADH A' PHLANA

Thèid na gealltanasan taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig seo a ghoireasachadh le lomairt na h-Alba, bidh na cosgaisean air am prìomh-shruthadh taobh a-staigh bhuidseatan a th' ann mar-thà agus / no mar phàirt de phròiseasan ath-nuadhachaidh leantainneach.

## 9. SGRÙDADH A' PHLANA

Cuiridh lomairt na h-Alba aithisg adhartais bhliadhnail ri chèile a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus a bhios ri faotainn leis a' phoball.

## 10. AM PLANA GÀIDHLIG SAN ÙGHDARRAS PHOBLACH

### DLEASTANAS IOMLAN AIRSON A' PHLANA

*Tha uallach iomlan aig Àrd-Oifigear Iomairt na h-Alba airson deasachadh, lìbhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba. Faodar conaltradh ris mar a leanas:-*

*Adrian MacGillEasbaig  
Àrd-Oifigear  
Oifis an Àrd-Oifigeir  
Iomairt na h-Alba  
Cùirt Atrium  
50 Sràid Bhatarlù  
Glaschu  
G2 6HQ*

*Àireamh Fòn: 0141 468 6024  
Seòladh Puist-d: [Adrian.Gillespie@scotent.co.uk](mailto:Adrian.Gillespie@scotent.co.uk)*

### UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

*Tha uallach obrachaidh a thaobh lìbhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba air Ceannard nan Seirbheisean Ro-innleachdail. Bu chòir do cheistean a thaobh obrachadh a' phlana, a bhith air an cur gu:*

*Susan Moore  
Roinn Ro-innleachd, Lìonraidhean is Lèirsinnean  
Iomairt na h-Alba  
Taigh Ùr Alderston  
Taigh Lannraig Nuadh,  
1 Dove Wynd, Pàirc Gnothachais Shrath Chluaidh  
Bellshill ML4 3AD*

*Àireamh fòn: 0300 013 3385  
Seòladh Puist-d: [susan.moore@scotent.co.uk](mailto:susan.moore@scotent.co.uk)*

## BUIDHEANN SGRÙDAIDH IS BUILEACHAIDH NA GÀIDHLIG

Thèid uallach a chur air prìomh bhuidheann de riochdairean bho dhiofar roinnean tarsainn a' bhuidhinn, a' gabhail a-steach co-dhiù aon riochdaire bho HR, airson adhartas air buileachadh a' Phlana Ghàidhlig a leantainn agus aithris air. Coinnichidh am buidheann seo co-dhiù dà uair sa bhliadhna, a' cuideachadh leis a' phlana a neadachadh tarsainn a' bhuidhinn.

## CONALTRADH LE LUCHD-OBRACH

Chaidh ciad suirbhidh air luchd-obrach uile a ghabhail os làimh aig fìor thoiseach ar n-obrach a' cruthachadh Plana Gàidhlig ann an Iomairt na h-Alba, a thog gu mòr air an ìre de luchd-labhairt Gàidhlig a th' againn sa bhuidheann agus an àireamh de cho-obraichean le ùidh anns a' chànan ionnsachadh. Thug seo dhuinn bun-loidhne agus chomharraich co-obraichean iad fhèin gus comas a thoirt dhuinn conaltradh riutha ma bha iad air nochdadh gun robh iad ag iarraidh trèanadh sa Ghàidhlig.

Gus a dhol còmhla ris a' Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn air plana chonaltraidhean air an taobh a-staigh a sgrìobhadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn gu cunbhalach a' com-pàirteachadh le co-obraichean a thaobh an dleastanasan co-cheangailte ri buileachadh is sgrùdadh a' phlana.

## BUIDHNEAN CO-CHEANGAILTE AGUS TREAS PHÀRTAIDH

Ann an tairgseachadh obair, iarraidh sinn air cunnradairean treas phàrtaidh beachdachadh dligheach a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig agus mar as urrainn dhaibh cur ri slàinte a' chànanain san àm ri teachd. Gus cuideachadh le seo, beachdaichidh Iomairt na h-Alba air notaichean stiùiridh a thoirt seachad mar thaic do threas phàrtaidhean.

## PÀIPEAR-TAIC 1 – SGRÙDADH COMAS GÀIDHLIG AIR AN TAOBH A-STAIGH

Is e prìomh riatanas ann am planaichean Gàidhlig uile, sgrùdadh iomlanach a ghabhail os làimh de chomas Gàidhlig air an taobh a-staigh mar-thà, agus seo a cho-cheangal ri dealasan a' phlana. Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bi seo air a ghabhail os làimh mar phàirt de dheasachadh a' phlana. [TO BE COMPLETED PRIOR TO SUBMISSION TO BORD NA GAIDHLIG IN JAN 2022]

Ged a bu chòir geàrr-iomradh air na toraidhean a thoirt san earrann ro-ràdh den phlana, bu chòir aithisg nas mionaidiche a bhith air a gabhail a-steach ann am Pàipear-taic 1.

Bu chòir don sgrùdadh comais Gàidhlig air an taobh a-staigh beachdachadh air na nithean a leanas:-

- An àireamh de chosnaichean aig a bheil comas labhairt, leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn ann an Gàidhlig agus an ìre de an sgilean.
- An àireamh de chosnaichean a' gabhail trèanadh os làimh ann an sgilean cànan Gàidhlig (gu pearsanta no san àite-obrach) agus an àireamh a tha a' nochdadh ùidh ann an sin a dhèanamh.
- Na roinnean agus/no làraichean taobh a-staigh a' bhuidhinn sa bheil iadsan air an comharrachadh gu h-àrd ag obair.
- An àireamh de dhreuchdan a tha mar-thà ainmichte mar fheadhainn sa bheil Gàidhlig na sgil obrach riatanach no ion-mhiannaichte.
- Na seirbheisean no na pròiseasan air an taobh a-staigh a tha mar-thà air an coileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.

## PÀIPEAR-TAIC 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH

Is e riathanas reachdail de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gum feum ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh le daoine a tha a' nochdadh gu bheil ùidh aca ann. [TO BE COMPLETED PRIOR TO SUBMISSION TO BORD NA GAIDHLIG IN JAN 2022]

Thathar a' gabhail ris gum bi am modhan-obrach fhèin air an taobh a-staigh aig gach ùghdarras poblach ann an coileanadh cho-chomhairlean poblach, ach bu chòir Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig a bhith air a leantainn gus am Bòrd a riarachadh gu bheil riathanasan Achd 2005 gan coileanadh.

Ged a bu chòir geàrr-iomradh de thoraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich a bhith air a sholarachadh anns an earrann Ro-ràdh den phlana, bu chòir aithisg nas mionaidiche a bhith air a gabhail a-steach ann am Pàipear-taic 2.

Bidh sgioba phlanaichean a' Bhùird toilichte comhairle a thoirt seachad mu choileanadh co-chomhairle èifeachdach ann an deasachadh plana Gàidhlig.